

An Cuan Barrach

Roinn Dion Mara shealadach



Uilebheistean na h-Alba

An Cuan Barrach

Roinn Dìon Mara shealadach

Tha cuid de na h-ainmhidhean mara as mothà san t-saoghal beò ann an cuantan na h-Alba. Tha an Roinn Dìon Mara shealadach (RDMs) sa Chuan Bharrach air leth cudromach don a dhà de na creatairean mara as mothà seo, an clearban agus a' mhuc-mhara mhionc.



Tha an sàl fionnar, beairteach a' measgachadh le uisge staoin, blàth anns an RDMs airson ceàrnaidh fior chruthachail a thoirt gu buil air a bheil 'aghaidh'. Bidh mathachas agus plancton a' cruinneachadh sna h-aghaidhean a' tàladh bheathaichean seilg den a h-uile seòrsa is meud don àite bhiathaidh. 'S e an clearban an dàrna iasg as mothà san t-saoghal, a' fàs suas gu 10m a dh'fhaid. Tha mucan-mara mionc, anns a bheil mu naoi tunna de chuidream, mun aon fhaid ris a' chearban agus 's iad na mucan-mara baleen as lughannan uisgeachan na Rìoghachd Aonaichte.



Suidheachadh: 56° 45.376' N 6° 51.595' W

Meud: 10039 km²



Muc-mhara mhionc na leum

Feartan Dìon Sealadach

Bith-iomadachd

Cearban, muc-mhara mhionc, aghaidhean.

Geo-iomadachd

Geomorpheòlas Mara
Grunnd-mara na h-Alba.

Amasan Glèidhidh

Tha e fa-near gun tèid na feartan seo a ghlèidheadh airson cur ris an lion RDA san fhad-ùine.

Tha druim nochdte air ceann caol àraid na muice-mara mhionc eadar a sròn agus a dà tholl-sèididh agus tha bannan geala air pleadhagan a h-uile muc-mara mhionc anns an leth-chruinne mu thuath. Tha sgiath dhroma na muice-mara mhionc beag, cruinn agus suidhichte mu dhà thrian sios a druim. Air an adhbhar seo tha iad furasta aithneachadh bho mhucan-mara eile a chithear ann an uisgeachan na h-Alba.

Coltach ris a h-uile muc-mara *baleen* eile, bidh mucan-mara mhionc a' biathadh le bhith a' toirt a-steach làn am beòil de dh'uisge mus tèid a shioladh tro na ceudan de chriathragan *baleen* nam peirceallan. 'S e siolanan agus èisg sgaotha a leithid rionnach, cuiteag is sgadan as motha a dh'itheas mucan-mara mhionc.

Bidh clearbanan a' sioladh an cuiid bidhe is iad beò air plancton a-mhàin. Bidh iad a' tighinn don Chuan Bharrach tron t-samhradh agus chithear iad a' biathadh eadar an t-Ògmhios agus an Dàmhair gach bliadhna. Bidh iad a' cruinneachadh nan dròbhan, uaireannan nan ceudan, agus a' fuireach san RDMs gu deireadh na Dàmhair mus tèid mòran aca gu deas airson a' gheamhraidh no a-steach gu uisge nas doimhne. Tha clearbanan furasta aithneachadh air sgàth an sgiathan droma mòra, cruinn, an sròinteán cruinn agus an earbaill sguabaidh a chithear gu bitheanta os cionn an t-sàil nuair a bhios iad a' biathadh. Tha sgrùdaidhean o chionn ghoirid san RDMs air clearbanan a chlàradh a' snàmh còmhla, sròn ri earball, taobh ri taobh agus a' leumadaich agus thathas a' smaoineachadh gur e nàdar de thaisbeanadh suirghe a th' ann.

A' cur freagairt agus an tuilleadh fiosrachaидh

Cleachd am portal co-chomhairleachaidh aig Riaghaltas na h-Alba airson a' cho-chomhairle seo a fhreagairt: www.consult.gov.scot/marine-scotland/four-new-marine-protected-areas

Mur an urrainn dhut am foirm air loidhne a chleachdadadh, cuir freagairt mar a leanas:

Air post-d: marine_conservation@gov.scot

No tron phost: pMPA Consultation, Scottish Government,
Marine Planning and Policy Division,
Area 1-A South, Victoria Quay,
Edinburgh EH6 6QQ

Airson an tuilleadh fios air co-chomhairle Roinnean Dion Mara 2019
agus Roinn Dion Mara shealadach sa Chuan Bharrach thoir sùil air:
www.nature.scot/2019-possible-nature-conservation-marine-protected-areas-consultation

Cearban ri biathadh



© Alex Mustard



Scottish Natural Heritage
Dualchas Nàdair na h-Alba
nature.scot



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot
marine scotland